







14.  **Nàbaidhean** | Neighbours
15.  **Siubhal** | Travel
16.  **Creideamh** | Belief
17.  **A' Ghàidhealtachd** | The Highlands
18.  **Teicneòlas** | Technology
19.  **Fasan** | Fashion
20.  **Na h-Eileanan** | The Islands
21.  **Ealain** | Art
22.  **Alba Nuadh** | Nova Scotia
23.  **Miannan** | Desires
24.  **Eachdraidh** | History
25.  **So-sheasmhachd** | Sustainability
26.  **Dualchas** | Culture

Cuspair 14

Outcomes

Digital content: speakgaelic.scot

B1

Builean Ionnsachaidh | Learning outcomes

01	I can talk about my neighbours and people who live near me.	Done? <input type="checkbox"/>
02	I can give directions to places in my neighbourhood.	Done? <input type="checkbox"/>
03	I can describe where my home is in relation to other things.	Done? <input type="checkbox"/>
04	I can say what type of people make good and bad neighbours.	Done? <input type="checkbox"/>
05	I can describe actions being done currently using GA.	Done? <input type="checkbox"/>

1. Nàbaidhean | Neighbours

Bruidhnidh sinn mu dheidhinn an t-seòrsa dhaoine a b' fheàrr leinn a bhith a' fuireach faisg oirnn: ar **nàbaidhean**. Dè seòrsa dhaoine a dh'iarradh tu mar nàbaidhean? Chì thu buadhairean anns an dealbh gu h-ìosal a dh'fhaodadh tu a chleachdadh airson bruidhinn mu dheidhinn nàbaidhean.

Tha cuid de na faclan seo tlachdmhor agus cuid eile nach eil cho tlachdmhor. Thoir sùil air na faclan an toiseach agus cleachd faclair mura h-eil thu a' tuigsinn.

Sgrìobh ✎ + **Bruidhinn** 🗣️ - Bruidhinn ri caraid mu dheidhinn nam faclan agus cuir anns a' cholbh cheart iad. Is dòcha nach bi sibh ag aontachadh mu gach facal, ach tha sin ceart gu leòr.



A THA MATH	NACH EIL MATH	NACH EIL GU DIOFAR
càirdeil	busach	mac-meanmnach
_____	_____	_____
_____	_____	_____
_____	_____	_____
_____	_____	_____
_____	_____	_____
_____	_____	_____
_____	_____	_____

Bruidhinn 🗣️ - Bruidhinn ri caraid sa chlas mu dheidhinn do nàbaidhean: **Cò ris a tha iad coltach? Dè na h-ainmean a th' orra? A bheil sibh dlùth ri chèile?**

2. Mum choinneamh | Opposite me

Chunnaic sinn **roimhearan fillte** 'compound prepositions' ann an **Cuspair 2**, **Cuspair 3** agus **Cuspair 5** a bhios gar cuideachadh leis a' chuspair seo.

Sgrìobh ✎ + **Bruidhinn** 🗣️ - A bheil cuimhne agad ciamar a chanas sinn na faclan seo sa Ghàidhlig: beside, opposite, in front of, behind, above? Sgrìobh liosta agus bruidhinn ri caraid mun deidhinn.



MÌNEACHADH | EXPLANATION:

mum choinneamh | opposite me



If we want to use pronouns: **mi**, **thu**, **e**, etc., with compound prepositions we typically just add the possessive adjectives: **mo**, **do**, **a**, etc., between the two parts of the compound preposition. When the first part of the compound preposition ends in a vowel we can use an optional contracted form: **rim** (**ri mo**) **thaobh** 'by my side' **mum** (**mu mo**) **choinneamh** 'opposite me':

- **A bheil duine sam bith a' fuireach os do chionn?**
Does anyone live above you?
- **Cò tha a' fuireach mur coinneamh?**
Who lives opposite you?

mu choinneamh


+ mi	_____
+ thu	_____
+ e	_____
+ i	_____
+ sinn	_____
+ sibh	_____
+ iad	_____

3. Dè tha faisg ort? | What's near you?

Tha sinn a' dol a bhruidhinn air na daoine a tha a' fuireach faisg oirnn. Cò tha a' fuireach an-ath-dhoras dhut no air an t-sràid agad? A bheil thu a' fuireach ann an taigh air neo ann am flat? Mas e flat a th' agad, cò tha a' fuireach sa chlobhsa agad?

Sgrìobh ✎ + **Bruidhinn** 🗣️ - Tarraing dealbh sìmplidh den nàbachd agad. Cuir àireamhan no ainmean air na taighean agus thoir an dealbh agad do charaid. Cuiridh do charaid ceistean ort mu dheidhinn an deilbh.

Cò tha a' fuireach mud choinneamh?



4. Do nàbachd | Your neighbourhood

Tha sinn air ionnsachadh gum feum sinn ainmearan a chleachdadh **anns an tuiseal ghinideach** 'in the genitive case' ma leanas iad **roimhearan fillte** 'compound prepositions'. Chunnaic sinn **geàrr-chunntas** 'summary' de riaghailtean an tuiseil ghinidich ann an **Cuspair 4**. Theirig air ais dhan chuspair sin ma dh'fheumas tu sùil a thoirt air na riaghailtean sin a-rithist.



Bidh sinn tric a' cleachdadh **roimhearan fillte** le ainmearan airson bruidhinn mu dheidhinn ar nàbachd.

Bruidhinn 🗣️ - Ann an dithisean, leughaidh an còmhradh seo dha chèile:

An cuala tu gu bheil iad a' dol a thogail flataichean ùra ri taobh na pàirce? Chuir an naidheachd dearg-fhearg ormsa nuair a chuala mi i. Tha mi den bheachd gun dèan iad cron air a' phàirc fhèin.

Cha chuala. Cha chuala mi sin. Tha sin uabhasach. Chan eil mise ag iarraidh gum bi togalach àrd de fhlatas ùra mu choinneamh an taighe agamsa idir! Dè as urrainn dhòmhsa a dhèanamh mu dheidhinn?

Uill, chunnaic mi air na meadhanan sòisealta gum bi am boireannach a tha os cionn a' bhuidhinn-choimhearsnachd againn a' sgrìobhadh athchuinge chun na Comhairle. Feumaidh sinn ar n-ainmean a chur rithe an toiseach.

Nì mise sin. Nuair a thèid mi dhachaigh an dèidh m' obrach, bheir mi sùil air an athchuinge air-loidhne agus bruidhnidh mi ris a' boireannach a tha os cionn a' bhuidhinn-choimhearsnachd cuideachd.

Sgrìobh ✍️ - A bheil thu a' faicinn an tuiseil ghinidich anns a' chòmhradh seo? Cuir loidhne fo na h-eisimpleirean a chì thu.

Bruidhinn 🗣️ - An do thuig thu an còmhradh ceart gu leòr? Mura do thuig, bruidhinn ris an oide agus ri do nàbaidh anns a' chlas. Theirig tro na faclan is na h-abairtean às nach eil thu cinnteach a-rithist.

Cha do thuig mi an abairt dearg-fhearg. Dè tha sin a' ciallachadh a-rithist?

Tha mi a' smaoinichadh gu bheil an abairt sin a' ciallachadh fearg mhòr ach chan eil mi buileach cinnteach. Nach cuir sinn ceist air an oide?

Roimhearan fillte + an tuiseal ginideach



We saw a summary of **an tuiseal ginideach** 'the genitive case' in **Cuspair 4**. We also learned that a noun which follows a compound preposition should be in the genitive case: **ri taobh na h-aibhne**. In the **còmhradh** on the previous page we saw more examples of genitives after **roimhearan fillte** 'compound prepositions':

- **ri taobh na pàirce**
beside the park
- **os cionn a' bhuidhinn**
in charge of the group
- **mu choinneamh an taighe agamsa**
opposite my house
- **an dèidh m' obrach**
after my work


Sgrìobh ✎ - Lìon na beàrnan anns na seantansan seo leis a' chruth cheart den ainmear anns an tuiseal ghinideach:

1. An tog a' chompanaidh oifis ùr mu choinneamh _____ . [an eaglais mhòr]
2. Glanaidh a' choimhearsnachd an cabhsair ri taobh _____ . [a' mhuir]
3. Chunnaic Seòras binichean mòra air beulaibh _____ . [an taigh-cèilidh]
4. Nach coinnich sinn anns a' chafaidh os cionn _____ . [am bùth]

Bruidhinn 🗣️ - Cuir ceistean air caraid mu dheidhinn na nàbachd aca: **Cò ris a tha do nàbachd fhèin coltach? A bheil buidheann-coimhearsnachd ann agus am bi thu fhèin a' gabhail pàirt anns a' bhuidheann?**

Bruidhinn 🗣️ - Thoir sùil air a' mhapa air a chì thu gu h-ìosal agus bruidhinn ri caraid mu dheidhinn nan rudan a chì thu air a' mhapa:

- **Càit a bheil am banca?**
- **A bheil cafaidh ann? Dè tha air beulaibh a' chafaidh? Càit a bheil a' phàirc?**
- **A bheil thu a' faicinn rud sam bith mu choinneamh na pàirce?**
- **Am faic thu taigh-òsta air a' mhapa? Dè tha ri thaobh?**
- **Dè tha thu a' faicinn ri taobh a' bhanca?**
- **Dè tha mu choinneamh a' bhùtha?**
- **Dè tha ri taobh an taighe-bhìdh?**
- **Ma thig thu a-mach às a' phàirc, dè tha air taobh eile na sràide?**
- **Ciamar a gheibheadh tu bhon stèisean chun a' chafaidh?**



Bruidhinn 🗣️ - Le caraid, no ann am buidheann beag, dèan còmhraidh mu na dealbhan seo. **A bheil an nàbachd seo snog? An do dh'fhuirich thu a-riamh ann an àite mar seo? Ma dh'fhuirich, cò ris a bha e coltach? Am bu toil leat fuireach ann an nàbachd mar seo? Dè bhiodh math no dona mu bhith a' fuireach ann an nàbachd mar seo?**



5. Muinntir an àite | Inhabitants

Tha na Gàidheil aithnichte air feadh an t-saoghail mar dhaoine fialaidh blàtha. Fiù 's ann an eachdraidh na h-Alba cluinnidh tu sgeulachdan mu **aoigheachd** 'hospitality' nan Gàidheal agus chì thu abairt shònraichte sa bhogsa a mhìneachas seo:

fàilte 's furan! | welcome, welcome! [*lit. a welcome and hospitality*]

Bruidhinn 🗣️ - Le caraid sa chlas, no ann am buidheann beag, cleachd na ceistean seo airson còmhraidh.

- 1. Cò ris a tha muinntir an àite coltach far a bheil thusa a' fuireach?**
- 2. An d' fhuair thu fhèin is do theaghlach fàilte 's furan nuair a ghluais sibh dhan taigh far a bheil sibh a-nis?**
- 3. A bheil thu eòlach air àitichean a tha ainmeil airson an cuid aoigheachd? Innis dhuinn mun deidhinn.**
- 4. An ann à sgìre no dùthaich eile a tha thu? Cò ris a tha daoine coltach san àite far an do rugadh tu?**

Is iomadh rud a thèid mun teine nach tèid mun bhaile.

Many things are said at home which are not widely reported.

➔ Theirigibh gu [14A Duilleag Mìneachaidh, 14B Duilleag Obrach, 14C Duilleag Geama]

Còmhradh:

Coimhead 📺 - Illustrated Scenario 14 - www.youtube.com/@SpeakGaelic/playlists

Pàdraig: Tapadh leat airson na tì, Rona. Dhìochuimhnich mi gum biodh Etta a' dol dhan chòisir a-nochd. Tha mo cheann na bhrochan le obair na colaiste.

Rona: 'S e do bheatha. Chan eil mi fhìn cinnteach càit a bheil Sophie a-nochd. Càit am bi a' chòisir seo a' coinneachadh?

Pàdraig: Bidh iad a' coinneachadh uair san t-seachdain ann an talla eaglaise. Chan eil e ro fhad' air falbh.

Rona: Chan eil mi buileach eòlach air an sgìre fhathast.

Pàdraig: A bheil thu eòlach air a' bhùth bheag aig ceann shuas na sràide?

Rona: Is mi a tha! Gu h-àraidh nuair nach bi bainne air fhàgail. Tha an luchd-obrach glè chàirdeil.

Pàdraig: Uill, ma thèid thu sìos an t-sràid chumhang ri taobh a' bhùtha, mu chòig ceud meatair, chì thu eaglais bheag air do làimh chlà.

Rona: An e sin an eaglais dham bi Etta a' dol?

Pàdraig: Sin i. Uill, tha talla na h-eaglaise air cùl an togalaich fhèin. B' àbhaist dhan chòisir coinneachadh ann an sgoil air taobh thall na h-aibhne.

Rona: Bidh talla na h-eaglaise gu math freagarrach airson Etta.

Pàdraig: Bidh caraid a tha a' fuireach aig ceann shìos na sràide a' dol ann còmhla rithe. An do choinnich thu fhèin is Sophie ri na nàbaidhean eile sa chlobhsa?

Rona: Tha sinn dìreach air 'halò' a ràdh ri cuid, ach tha mi a' smaoinneachadh gu bheil nàbachd gu math còir anns a' chlobhsa seo.

Pàdraig: Sin na bhios Etta ag ràdh cuideachd.

Rona: Tha càraid òg le bèibidh air gluasad a-steach dhan flat os ar cionn. Chunnaic mi iad sa mhadainn. Bha an dithis aca a' coimhead gu math sgìth ach bha coltas càirdeil orra, an seòrsa dhaoine a dh'iarraidh tu mar nàbaidhean. Chan eil mi a' smaoinneachadh gu bheil am bèibidh a' cadal gu math. Bidh mi ga chluinntinn a' caoineadh.

Pàdraig: Am bi an rànaich a' cur dragh ort fhèin agus air Sophie?

Rona: Cha bhi ormsa co-dhiù. Bidh mi a' cur iad seo na mo chluasan.

Pàdraig: Tha an clobhsa agaibh glan cuideachd.

Rona: Tha e cho glan. Tha an staidhre ga glanadh aon uair sa chola-deug, tha na binichean gan togail aon uair san t-seachdain agus tha am feur ga ghearradh aon uair sa mhìos. Tha Etta air a bhith cho cuideachail, a' dèanamh cinnteach gu bheil fios againn air a h-uile càil.



6. Ceann an rathaid | The end of the road

Annas a' phàirt seo den leasan, bidh sinn ag innse far a bheil rudan agus a' bruidhinn air na goireasan a tha faisg oirnn. A bheil cuimhne againn air **na h-àirdean** 'points of the compass' a dh'ionnsaich sinn ann an **A2 Cuspair 2**? Chunnaic sinn an sin gun cleachd sinn **ceann** 'end' nuair a bhruidhneas sinn mu dheidhinn àiteachan. Seall air na faclan eile sa bhogsa seo a bhios cuideachail dhuinn.

Sgrìobh  na faclan seo ann am Beurla.

ceann *m* | _____ **suas** *adv* | _____ **ceann shuas** | _____
bun *m* | _____ **sìos** *adv* | _____ **ceann shìos** | _____

MÌNEACHADH | EXPLANATION:

An tuiseal ginideach


?

As **ceann** and **bun** are nouns, nouns which follow them take **an tuiseal ginideach** 'the genitive case'. However, **suas** and **sìos** are **co-ghnìomhairean** 'adverbs' and therefore do not cause following nouns to be in the genitive case.

- **bun na sràide**
bottom of the street
- **ceann shuas an rathaid**
the top end of the road
- **suas an t-sràid**
up the street
- **sìos an rathad**
down the road

Sgrìobh  - Cuir crìoch air na seantansan seo leis an abairt cheart.

1. Chuala mi gun gluais Eilidh gu taigh ùr aig _____ [the bottom end of the new road] faisg air an taigh-sheinne sin.
2. Thèid am bus _____ [down this street] air sgàth 's gu bheil an t-sràid eile dùinte.
3. Am fosgail iad bùth ùr aig _____ [the bottom of the street] an-ath-mhìos?
4. Ruith am mèirleach _____ [up the road] nuair a chuala e dùdach nam poileas a' tighinn.
5. Fosglaidh cuideigin bùth ùr aig _____ [the top end of my road].

Bruidhinn  - Bruidhinn ri caraid mu dheidhinn na sràide no an rathaid agad fhèin:
Cò ris a tha e coltach? Dè tha aig ceann na sràide / an rathaid? A bheil bùth no taigh-òsta aig ceann shìos na sràide / an rathaid?

7. Tha na binichean gan togail | The bins are collected

Chunnaic sinn diofar sheantansan anns a' **ghuth fhulangach** 'passive voice' anns a' chiad phàirt de **B1**. Dh'ionnsaich sinn na structaran gu h-ìosal ann an **Cuspair 6**, **Cuspair 7**, **Cuspair 10** agus **Cuspair 11**:

- **Tha Iain air a ghortachadh.** | John has been hurt.
- **Tha obair ri dèanamh.** | There is work to be done.
- **Thathas ag ràdh gun do ghoid Sìleas an t-airgead.** | It is said that Julia stole the money.
- **Chualas fuaim àrd aig ceann na sràide.** | A loud noise was heard at the end of the street.

Anns a' chòmhradh nochd structar cumanta eile a dh'fhaodamaid a chleachdadh airson seantans sa **ghuth fhulangach** a chruthachadh. Tha an structar seo a' cleachdadh **ga** ron ainmear ghnìomhaireach:

- **Tha an staidhre ga glanadh aon uair sa chola-deug, tha na binichean gan togail uair san t-seachdain agus tha am feur ga ghearradh aon uair sa mhìos.**



Sgrìobh ✎ - Cuir an seantans seo dhan Bheurla.

MÌNEACHADH | EXPLANATION:

Tha na binichean gan togail

?

We first saw structures using **ga** and the possessive adjectives in **A2 Cuspair 4: A bheil thu gam thuigsinn?** 'Are *you* understanding *me*?'. In that active construction, the **ga** referred to the object pronoun and the subject was doing the action. In the passive construction we saw above, the **ga** structure is referring back to the number or gender of the subject: **an doras** → **ga** (+ lenition) **an staidhre** → **ga**, **na binichean** → **gan**, etc. This passive structure expresses a continuous passive action 'the bins are *being* collected', but is also commonly used in a more general, habitual way to express 'The bins are collected / get collected'.

- **Tha na binichean gan togail.**
The bins are (being) lifted.
- **Tha an staidhre ga glanadh.**
The stair is (being) cleaned.
- **Chan eil an doras ga fhosgladh.**
The door isn't being opened.
- **Tha sinn gar clàradh!**
We are being recorded!

Sgrìobh ✎ - Lìon na beàrnan anns na seantansan seo leis a' ghnìomhair anns a' ghuth fhulangach.

1. Bha am mullach _____ an-uiridh. [càradh]
2. Cha chuala mi an uinneag _____ idir. [dùnadh]
3. Chan eil na leabhraichean _____ anns an teine. [losgadh]
4. Nach eil an taigh _____ an-dràsta? [reic]

8. Bu chòir | Should

Bidh an gnìomhair fillte **bu chòir** 'should' feumail airson bruidhinn mu dheidhinn ar nàbachd. Thug sinn sùil aithghearr air seo ann an **Cuspair 7A Duilleag Mìneachaidh**. Bidh sinn a' cleachdadh an roimheir **do** 'to, for' leis an structar seo agus ma tha cuspair dìreach aig an ainmear-ghnìomhaireach feumaidh sinn iomlaid a chleachdadh cuideachd.

Bu chòir should	do for, to	cuspair dìreach direct object	gnìomhair verb
---------------------------	----------------------	---	--------------------------



Sgrìobh ✎ - A bheil seantansan 1-4 fìor dhut fhèin? Cuir comharra ris an fheadhainn a tha fìor dhutsa?

1. **Bu chòir dhomh gràmar na Gàidhlig ionnsachadh gu ìre nas fheàrr.** ✓ -
2. **Bu chòir dhomh barrachd eacarsaich no spòrs a dhèanamh.** ✓ -
3. **Bu chòir dhomh biadh nas fhallaine a chòcaireachd.** ✓ -
4. **Bu chòir dhomh bruidhinn ris na nàbaidhean agamsa nas trice.** ✓ -

Bruidhinn 🗣️ - Dè na rudan a bu chòir dhut fhèin a dhèanamh? Ma sgrìobh thu **Bu chòir** mar fhreagairt do sheantans sam bith, leugh an seantans sin do chuideigin sa chlas.

Am bu chòir	dhomh	obair ùr	fhaighinn	?	➔	✓ Bu chòir
Nach bu chòir	dhut	buntàta	a chur			✗ Cha bu chòir
	dha	an càr	a chàradh			
	dhi					
	dhuinn	a dhol	dhan choinneimh sin ?			
	dhuibh	èisteachd	ris an rèidio			
	dhaibh	coiseachd	anns a' bhaile			

Sgrìobh ✎ + **Bruidhinn** 🗣️ - Smaoinich air an sgìre agad fhèin agus sgrìobh 3-5 rudan a bu chòir dhan Chomhairle Ionadail a dhèanamh san sgìre agad: **Bu chòir dhan Chomhairle na rathaidean a chàradh**. Innis na rudan a sgrìobh thu do charaid sa chlas.


9. Nàbaidh math | A good neighbour

Thug sinn iomradh air an làraich-lìn aig **Tobar an Dualchais** ann an **B1 Cuspair 13**. Tha e cudromach aig ìre **B1** agus **B2** gun èist sinn ri Gàidhlig cho tric 's a ghabhas. Tha e cudromach gum bi sinn a' cleachdadh ghoireasan **leughaidh** agus **èisteachd** aig diofar ìrean, cuid a tha furasta agus cuid a tha dùbhlach. Tha **Tobar an Dualchais** cianail feumail a thaobh ghoireasan dùbhlach! Chan eil e gu diofar mura h-eil sinn a' tuigsinn a h-uile rud aig an ìre seo. Tha **tar-sgrìobhadh** 'transcription' den chlàradh seo air **14B Duilleag Obrach**.

Èist 🎧 ris a' chlàradh seo dà thuras agus freagair na ceistean:

www.tobarandualchais.co.uk/speakgaelic/b1-14-neighbours-nabaidhean

1. Càit an robh Cairistìona a' clàradh?
2. Dè chuir Crìosaidh NicRath thuca?
3. Dè an t-ainm a th' air an fhear a tha Crìosaidh ag ainmeachadh?
4. Carson a bha Crìosaidh ag ainmeachadh an fhir seo?
5. Càit an cluinn thu agallamh mar seo mar as trice?



Èist 🎧 ris a' chlàradh a-rithist agus lìon na beàrnan an seo:

Cairistìona: Uill, tha mise an-dràsta... tha mi dìreach shuas air _____
Steòrnabhaigh ann an àite ris an canar Plasterfield agus _____ an sin, tha
Crìosaidh NicRath à Plasterfield. A Chrìosaidh, tha sinn eòlach gu leòr air bhith ga do
_____ air an rèidio, ach, tha sibhse air litir a chur thugainn agus tha sibh ag
ainmeachadh fear a tha sibhse a' smaoinichadh a tha airidh air ainmeachadh airson
a bhith _____ mhath [math]. Sin fear Calum MacRisnidh. A Chrìosaidh,
dè thug ort ainmeachadh?

Crìosaidh: Uill bha sinn a' smaoinichadh ma bha sinn ag iarraidh _____
gur e an aon fhear a thaghadh sinn [thaghamaid] às an àite, bhon [a] tha e math
_____ na nàbaidhean timcheall 's tha e _____ airson faighneachd duine sam
bith a bhios tinn 's tha e na dhuine toilichte is tha sinn ga fhaicinn a' dèanamh a h-uile
càil as urrainn dha dhèanamh airson _____ a th' aige.

Is ann an àm a' chruadail a dh'aithnichear na càirdean. | When fortune frowns then friends are known. [lit. It's at times of hardship that friends are recognised.]

'S iomadh nì a chailleas fear na h-imrich. | The man that flits loses much.

➔ Theirigibh gu [14A Duilleag Mìneachaidh, 14B Duilleag Obrach, 14C Duilleag Geama]